

Sgilean Eadar-theangachaidh

# Faclair Sreap

Janni Diez

# Clàr

Ro-ràdh	2
An dòigh air an nochd faclan anns an liosta	3
Giorrachaidhean	3
Gàidhlig – Gàidhlig	4
Beurla – Gàidhlig	6
Tùsan	8

## Ro-ràdh

Ged a bhios beanntan na Gàidhealtachd agus creagan ri taobh na mara a' tàladh a-steach mhiltean de shreapadairean gach bliadhna, chan eil briathrachas sreap cumanta anns a' Ghàidhlig. Tha am faclair seo a' cruinneachadh fhaclan cumanta a bhios feumail ann an sreap air creagan agus beanntan le ròpannan agus uidheam. Tha e cuingealaichte ris na faclan as cumanta a dh'fheumar airson sreap aig ìre tòiseachaidh. Tha e a' gabhail a-steach gu bunasach uidheam sreap, cumaidhean na creige, gairmean agus obair nan ròpannan. Thathar ag amas air daoine agus buidhnean a thèid a shreap air an taobh a-staigh no a-muigh aig ìre cuir-seachad.

A bharrachd air sreap ann an Hiort airson beòshlaint a dhèanamh às na lorgadh air na carraigeon, cha robh sreap cumanta air a' Ghàidhealtachd gu ruige deireadh na 19mh linn, nuair a thàinig daoine o dheas gus sreap air na beanntan mar chur-seachad. Mar as trice cha b' e Gàidheil a bh' anns na sreapadairean, mar a chithear air ainmean Beurla nan slighean sreap. Tha uidheam agus dòighean sreap air atharrachadh gu luath thairis air a' 100 bliadhna a dh'fhalbh agus aig an aon àm tha a' Ghàidhlig air a bhith a' crìonadh. Leis nach robh sreap ceangailte ri cuspairean sgoile no an roinn acadaimigich, cha robh briathrachas sreap na phàirt de nuadh-fhaclaireachd nan roinnean sin. Ach le iomairtean cànan a bhios ag amas air cur-seachadan, tha feum airson faclan sreap gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd agus [air] taobh a-muigh roinn an fhoghlaim.

## An dòigh a nochdas faclan anns an liosta

Tha dà phàirt anns an fhaclair seo. 'S e a' phàirt as mionaidiche am faclair Gàidhlig le mìneachaidhean nam facal anns a' Ghàidhlig agus eisimpleirean de chleachdadh. Tha a' phàirt eile a' toirt cothrom dhuibh facal Gàidhlig a lorg do dh'fhacal Beurla as aithne dhuibh. Faodaidh sibh an uair sin barrachd fiosrachaidh a lorg anns a' phàirt Ghàidhlig.

Nochdaidh na h-altan a rèir na h-aibidil, an t-alt fhèin ann an **litrichean tiugha**. Chithear fiosrachadh gràmarach ann an *clò eadailteach* agus an uair sin mìneachadh an fhacail. Uaireannan chithear eisimpleir de chleachdadh an fhacail ann an *clò eadailteach*. Ma lorgar facal ann an àite eile den fhaclair, chithear *faic* agus am facal iomchaidh eile.

Ainmearan: Nochdaidh ainmearan leis a' ghnè, na cumaidhean ginideach agus iolra, agus tha cromag eadar dà chumadh den aon tuiseal ma tha barrachd air aon ann.

Gnìomhairean: Nochdaidh gnìomhairean le cumadh an fhreumha an toiseach agus an ainmear-gnìomhaireach san dàrna àite.

Buadhairean: Nochdaidh buadhairean leis an ìre coimeasach dìreach ma tha e neo-riaghailteach.


Gairmean: Chithear gairmean le comharra gairmeach agus nochdaidh seòrsa an fhacail agus “gairm” anns an fhiosrachadh ghràmarach.

## GIORRACHAIDHEAN

<i>BOIR.</i>	AINMEAR BOIREANN
<i>FIR.</i>	AINMEAR FIREANN
<i>IOL.</i>	IOLRA
<i>GIN.</i>	TUISEAL GINIDEACH

## GÀIDHLIG – GÀIDHLIG

**acair** (*boir.*), *gin. acrach, iol. acraichean* àite sàbhailte ceangailte le uidheam ris a' chreig.




acfhainn

**acfhainn** (*boir.*), *gin. acfhainne, iol. acfhainnean* uidheam a cheanglas an sreapadair timcheall air a' chruachainn gus ròpa a cheangal rithe.

**aodann** (*fir.*), *gin. aodainn, iol. aodainnean* carraig rèidh agus inghearach.

**bann** (*fir.*), *gin. bainne, boinne, iol. bannan, banntan* stiall chruinn de chlà làidir a chleachdar airson a chur timcheall air craobhan no binnein mar acair.



Screw gate carabiner

**carabìnear** (*fir.*), *gin. carabìnear, iol. carabìnearan* lùb meatailt a ghabhas fosgladh agus a dhùineas leatha fhèin **carabìnear-sgriutha** carabìnear le dùnadh sgriutha.



carabìnear-sgriutha

**carraig** (*boir.*), *gin. carraige, iol. carraigean* 1. creag chas àrd. 2. creag-mhara.

**caisgean** (*fir.*) *gin. caisgein, iol. caisgein* inneal meatailt ceangailte ris an acfhainn no acair a chleachdar gus an ròpa a leigeil a-mach no a ghabhail a-steach gu cùramach, a' cleachdadh suathadh eadar an ròpa agus an innleachd.

**ceangail, ceangal** (*gnìomhair*) 1. cuir snaidhm ann an ròpa. 2. cuir an ròpa a-steach do leudaichear.



ceangail

**cnag (na cùise)** (*boir.*), *gin. cnaige, cnag na cùise, iol. cnagan (na cùise)* an gluasad as duilghe de shlighe sreap.

**creag** (*boir.*), *gin. creige iol. creagan* 1. clach 2. bearradh.

**dìon, dìon** (*gnìomhair*) 1. cùm greim air an t-sreapadair fhad 's a bhios e/i a' sreap 2. ceangail le ròpa ri creig no craobh gus dearbhadh nach tuitear.

**failbheag** (*boir.*), *gin. failbheige, iol. failbheagan* fàinne iarainn no stàilinn a thèid a cheangal gu seasmhach ris a' chreig air slighean sreap-spòrs. Cuirear leudaichear a-steach gus an ròpa a cheangal rithe. Fuirichidh an fhailbheag sa chreig às dèidh don t-sreapadair falbh.

**geinn** (*fir.*), *gin. geinne, iol. geinnean* pìos meatailt air uèir a chuirear ann an sgoltadh creige mar acair.



geinn

**greim** (*fir.*), *gin. greime, iol. greimean, greimeannan* àite san cuirear làmh no cas aig a' chreig **greim-làimhe** àite air an cuirear làmh. **greim-coise** àite air an cuirear cas.

**lasaich!** (*gnìomhair*) gairm gus ròpa a thoirt a-mach gus nach bi e teann. *Lasaich! Nì mi acair an seo.*

**leac** (*boir.*), *gin. lice, iol. leacan* creag rèidh.

**lean, leantainn** (*gnìomhair*) sreap às dèidh duine eile agus thoir a-mach acairean. *B' fheàrr leam leantainn, tha seo a' coimhead doirbh.* **leanaire** (*fir./boir.*) *gin. leanaire, iol. leanairean* an duine a shreapas às dèidh sreapadair eile.

**leig sìos, leigeil sìos** (*gnìomhair*) crom air an ròpa le bhith a' ceangal an ròpa ris an acainn le caisgean agus an ròpa a' ruith gu slaodach troimhe fhad 's a thathar a' dol sìos. *Nuair a ruigeas tu am mullach, feumaidh tu do leigeil sìos.*



leigeil sìos

**leudaichear** (*fir.*), *gin. leudaicheir, iol. leudaichearan* dà charaibinear ceangailte ri chèile le pìos tèip làidir gus ceangal a dhèanamh eadar an acair agus an ròpa. *Tha a h-uile rud agam, na geinnean agus gu leòr leudaichearan.*

**mullach** (*fir.*), *gin. mullaich, iol. mullaichean* àite as àirde air beinn no creig.

**ochdan** (*fir.*), *gin. ochdain, iol. ochdanan* caisgean ann an cruth na h-ochd.

**ròpa** (*fir.*), *gin. ròpa, iol. ròpannan, ròpaichean* sreang fada caol a chleachdar airson sreap no air bàtaichean. *Bha e ceangailte ris a' chraoibh le ròpa.* [Bàtaichean ann an sreap!]



leudaichear



ochdan

**sàbhailte!** (*gairm/buadhair*) gairm a chleachdar gus innse gu bheil an sreapadair air acair a dhèanamh.

**sgaoileire** (*fir.*), *gin. sgaoileire, iol. sgaoileirean* innleachd gus acair a dhèanamh a dh'fhàsas nas leithne le spìonadh. *Chan fhuirich na geinnean san sgoltadh seo. Cleachd, sgaoileire.*



sgaoileire

**sgeilp** (*boir.*), *gin. sgeilp, iol. sgeilpichean* pìos creige còmhnard a tha freagarrach mar àite airson acrach. *Nuair a ruigeas tu an sgeilp, dèan acair agus leanaidh mi thu.*

**sgoltadh** (*fir.*), *gin. sgoltaidh, iol. sgoltaidhean* beàrn anns a' chreig. *Shreap sinn suas an t-aodann, na corragan san sgoltadh.*

**simileir** (*fir.*), *gin. simileir, iol. simileirean* aodann creige caol le 2 no 3 ballachan, agus coltas luidheir air.

**snaidhm** (*boir.*), *gin. snaidhme, iol. snaidhmean, snaidhmeannan* àite far an tèid ròpa a cheangal. **snaidhm na h-ochd** snaidhm ann an cruth na h-àireimh 8 a chleachdar gus an ròpa a cheangal ris an acfhainn.



snaidhm na h-ochd

**sreap, sreap** (*gnìomhair*) **1.** dìrich air creig no beinn, gu tric le ròpa agus a' cleachdadh chasan agus làmhan. **2.** (*gnìomhair/gairm*) gairm gus innse gu bheil an sreapadair a' tòiseachadh **sreap nuair a bhios tu deiseil!** gairm gus innse gu bheil deiseil airson an sreapadair a dhìon.

**sreap** (*fir.*), *gin. sreap, iol. sreapan* **1.** dìreadh air creig no beinn, gu tric le ròpa agus a' cleachdadh chasan agus làmhan. **2.** cuairt air beinn no creig. **sreap-spòrsa** sreap air creig uidheamaichte le failbheagan. **sreap tradaiseanta** sreap air beanntan agus a' cur [faic bho *toisich*] uidheam dìona a-steach aig an àm **sreapadair** (*fir.*) *iol. sreapadairean, gin. sreapadair*, fear no tè a shreapas. **sreapadaireachd** (*boir.*) coiseachd no sreap air na beanntan mar chur-seachad.

**stalla** (*fir.*) *gin. stalla iol. stallachan* creag nas caise na 90°.

**suathadh** (*fir.*), *gin. suathaidh, iol. suathaidhean* forsa a chumas a' chas no an làmh ris a' creig taing do gharbhachd na creige agus cuideam an t-sreapadair. *Chan eil greim-coise ann, ach gheibh thu suathadh gu leòr air a' chreig.*

**teann!** (*buadhair/gairm*) gairm gus ròpa a thoirt a-steach gus am bi e teann. *Teann! Tuitidh mi!*

**tòisich, tòiseachadh** (*gnìomhair*) sreap an toiseach agus aig an aon àm cuir a-steach acairean. *Tòisichidh mise agus leanaidh tusa.*

**toiseach** (*fir.*) *gin* **toisich**, *iol.* **toisich** an duine a shreapas an toiseach agus a chuireas a-steach acairean.

## Beurla – Gàidhlig

**abseil** (*gnìomhair*) leig sìos, leigeil sìos.

**belay** (*ainm.*) acair (*boir.*), *gin.* acrach, *iol.* acraichean.

**belay** (*gnìomhair*) dìon, dìon.

**belay device** (*ainm.*) caisgean (*fir.*) *gin.* caisgein, *iol.* caisgein.

**bolt** (*ainm.*) failbheag (*boir.*), *gin.* failbheige, *iol.* failbheagan.

**camming device** (*ainm.*) sgaoileire (*fir.*) *gin.* sgaoileire, *iol.* sgaoileirean.

**chimney** (*ainm.*) simileir (*fir.*), *gin.* simileir, *iol.* simileirean.

**cliff** (*ainm.*) carraig (*boir.*), *gin.* carraige/cairge, *iol.* carraigan; bearradh, *gin.* bearraidh, *iol.* bearraidhean.

**climb** 1. (*ainm.*) (climbing route) sreap. *gin.* sreap, *iol.* sreapan; 2. (*gnìomhair*) sreap, sreap. 3. **climb when ready!** (*gairm*) sreap nuair a bhios tu deiseil! 4. **climbing!** (*gairm*) a' sreap!

**climber** (*ainm.*) sreapadair (*fir.*), *gin.* sreapadair, *iol.* sreapadairean.

**clip** (*gnìomhair*) ceangail, ceangal.

**crack** (*ainm.*) sgoltadh (*fir.*), *gin.* sgoltaidh, *iol.* sgoltaidhean.

**crux** (*ainm.*) cnag (na cùise) (*boir.*), *gin.* cnaige, cnag na cùise, *iol.* cnagan (na cùise).

**extender** (*ainm.*) leudaichear (*fir.*), *gin.* leudaicheir, *iol.* leudaichearan.

**face** (*ainm.*) (rock face) aodann (*fir.*), *gin.* aodainn, *iol.* aodainnean.

**figure eight** (*ainm.*) (belay device) ochdan (*fir.*), *gin.* ochdain, *iol.* ochdanan

**figure-of-eight knot** *faic knot.*

**friction** (*ainm.*) suathadh (*fir.*), *gin.* suathaidh, *iol.* suathaidhean.

**harness** (*ainm.*) acfhainn (*boir.*), *gin.* acfhainne, *iol.* acfhainnean.

**hold** (*ainm.*) greim (*fir.*) *gin.* greime, *iol.* greimean, greimeannan. **hand hold.** greim-làimhe. **foot**

**hold** greim-coise.

**karabiner** (*ainm.*) caraibènear (*fir.*), *gin.* caraibèneir, *iol.* caraibènearan. **screw-gate karabiner** caraibènear-sgriutha.

**knot** (*ainm.*) snaidhm (*boir.*), *gin.* snaidhme, *iol.* snaidhmean, snaidhmeannan. **figure-of-eight knot** snaidhm na h-ochd.

**lead** (*gnìomhair*) tòisich, tòiseachadh. **leader** toiseach (*fir.*) *gin* toisich, *iol.* toisich.

**ledge** (*ainm.*) sgeilp (*boir.*), *gin.* sgeilp, *iol.* sgeilpichean.

**mountaineering** (*ainm.*) sreapadaireachd (*boir.*).

**nut** (*ainm.*) geinn (*fir.*), *gin.* geinne, *iol.* geinnean.

**overhang** (*ainm.*) stalla (*fir.*) *gin.* stalla *iol.* stallachan.

**quick-draw** (*ainm.*) faic extender.

**rock** (*ainm.*) creag (*boir.*), *gin.* creige *iol.* creagan.

**rope** (*ainm.*) ròpa (*fir.*), *gin.* ròpa, *iol.* ròpannan/ròpaichean.

**safe!** (*buadhair/gairm*) sàbhailte!

**sea cliff** faic cliff.

**seconder** (*ainm.*) leanaire (*fir.*) *gin.* leanaire, *iol.* leanairean.

**seconding** (*gnìomhair*) lean, leantainn.

**slab** (*ainm.*) leac (*boir.*) *gin.* lice, *iol.* leacan.

**slack!** (*ainm./gairm.*) lasaich! (*gairm*).

**sling** (*ainm.*) bann (*fir.*), *gin* bainne, boinne, *iol.* bannan, banntan.

**sport climbing** (*ainm.*) sreap-spòrsa.

**take!** (*gnìomhair/gairm*) teann!

**tie** (*gnìomhair*) ceangail, ceangal.

**top** (*ainm.*) mullach (*fir.*), *gin.* mullaich *iol.* mullaichean.

**trad(itional) climbing** (*ainm.*) sreap tradaiseanta.



## TÙSAN

BAUER, Micheal *Am Faclair Beag* [air loidhne] [HTTP://WWW.CAIRNWATER.CO.UK/FACLAIR/INDEX.ASPX](http://www.cairnwater.co.uk/faclair/index.aspx) [21 An Gearran 2011]

CAIMBEUL, Maoilios (1995) 'Ri Aghaidh na Creig' ann an *Cha sgeul ruin e* le Catriona Dunn (deas.). Steòrnabhagh: Acair Earranta

COX, Richard A.V. (2007) *Brìgh nam Facal. Faclair ùr don Bhun-sgoil*. Ceann Drochaid: Clann Tuirc

DWELLY, Edward (2001) *Illustrated Gaelic – English Dictionary*. Edinburgh: Birlinn

MARK, COLIN (2004) *The Gaelic – English Dictionary*. London: Routledge

PRINCETON UNIVERSITY (2006) *Webster's Online Dictionary* [air loidhne] <http://www.websters-online-dictionary.org/definitions/Mountaineering?cx=partner-pub-0939450753529744%3Av0qd01-tdlq&cof=FORID%3A9&ie=UTF-8&q=Mountaineering&sa=Search#906> [21 An Gearran 2011]

WATSON, Angus (2005) *The Essential English – Gaelic Dictionary*. Edinburgh: Birlinn